



Lìog an Fhearainn

Chaidh Comann Ath-leasachaidh Lagh Fearainn na Gàidhealtachd (no Lìog an Fhearainn) a chur air bhonn airson **ath-leasachadh** an **fhearainn** a làimhseachadh.

B' ann le cumhachd phoilitigeach a chaidh **Buill Phàrlamaid** a thaghadh ann an **Taghadh Coitcheann** 1885. Chaidh **togail-fianais** a chleachdadh cuideachd gus a' chùis a thoirt gu aire dhaoine, rudan mar a bhith a' diùltadh màl a phàigheadh agus a' gabhail smachd air fearann. An dèidh nam **Fuadaichean**, bhruidhinn **croitearan** a-mach an aghaidh mar a bha uachdarain **neo-thròcaireach** a' dèiligeadh riutha, a' cleachdadh an **fhearainn** mar **thuathanasan** caorach agus mar **fhrìthean** airson fèidh a **shealg**. Cha robh còir **thèarainte** aig na **croitearan** air an **fhearann** agus bha iad air an **casg** bho chuid mhòr den **fhearann**. Bha **croitearan** a' faireachdainn gum b' urrainn dhaibh cùisean atharrachadh le bhith a' **togail fianais** còmhla. Bha aon **sluagh-ghairm** a bh' aig Lìog an Fhearainn a' cur cuideam air seo –



Tha seo a' ciallachadh gu bheil sluagh nas cumhachdaiche na **uachdaran**.

Chaidh Lìog an Fhearainn às a chèile sna 1890an leis gun do ghabh am Partaidh Libearalach a' chùis aca os làimh. Cha tàinig mòran adhartais a thaobh cothrom air **fearann** gu às dèidh a' **Chogaidh Mhòir**.

Reachdas Ùr

Chaidh **reachdas** ùr a chur an sàs a thug **tomhas** de dhìon do na Gàidheil a thaobh **còir** air an **fhearann**.